

## Earrann bho *An Cat Coigreach*, sgeulachd chloinne le June Ghreumach

[Extract from *An Cat Coigreach* (The Feline Stranger), a children's story by June Graham]

Bha Pangur air a dhòigh, a' laighe air an t-sòfa dhearg eadar Cairistiona agus Teàrlach.

Shuath Teàrlach brù Phanguir. “Tha mi a' faireachdainn uabhasach dona mu Phangur.”

“Tha agus mise,” thuirt Cairistiona. “Ach feumaidh sinn falbh. Tha an obair aig an dithis againn a' tighinn gu crìoch. Tha an taigh ro bheag airson ceathrar mar-thà, agus tha dùil againn ri cuideigin eile.”

Ghluais Pangur earball. Dè bha iad a' ciallachadh? An tigeadh dàrna cat a dh'fhuireach aig an taigh? Uill, nam b' e sin a' chùis, bhiodh an taigh ro bheag gu cinnteach.

“An do chuir thu sanasan Phanguir suas?” dh'fhaighnich Teàrlach.

“Chuir,” thuirt Cairistiona. Shliob i ceann Phanguir. “Thuirt am bheat gum biodh e tòrr nas fheàrr dachaigh ùr a shireadh dha ann am Bern, an àite a thoirt a dh'Alba leinn.”

“Tha mi cinnteach gum bi teaghlach anns an sgìre ga iarraidh,” thuirt Teàrlach. “S e cat òg, modhail a tha ann, agus tha e a' coimhead brèagha.”

“Bidh mi ga ionndrainn gu mòr,” thuirt Cairistiona. “Ach tha sinn a' dèanamh an rud as fheàrr dha.”

Leum Pangur far an t-sòfa.

“A bheil thu a' dol a-mach a shealg?” dh'fhaighnich Teàrlach ann an guth àbhaisteach mar gun robh iad dìreach air a bhith a' bruidhinn mun aimsir. Nach robh fios aca fhathast gun do thuig Pangur a h-uile facal a thuirt iad, ged nach robh comas bruidhinn aige?

Cha do shealg Pangur an oidhche ud. Chrom e sìos am measg nan craobhan beaga.

Carson a bha a theaghlach a' dol a dh'Alba an àite fuireach ann am Bern, am baile as fheàrr san t-saoghal? Agus carson nach robh iad ga thoirt leotha? Nach robh e air gaol gu leòr a thoirt dhaibh?

B' esan an cat aca. Cha robh e airson a dhol gu teaghlach eile idir, idir.